

A Dhè bheò,  
Ar teàrmann agus ar neart,  
èist ri gaoir do shluagh aig àm ar cuimhneachaidh,  
èist rinn, nuair a bheir ar cuimhneachdan agus ar sgeulachdan dhuinn bròn.  
Coinnich rinn,  
dèan sàmhach an stoirm agus thoir dhuinn comhfurtachd nuair a bhios sinn fo  
eagal.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,  
Ar teàrmann agus ar neart,  
èist ri ar gaoir ann an làithean ar bròin.  
Èist ri ar gaoir, caillte ged a tha sinn.  
Deònaich gum biodh meud ar bròin  
ar a lìonadh le meud do ghràis.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,  
Ar teàrmann agus ar neart,  
èist ri ar gaoir ann an àm ar bròin,  
èist ri ar gaoir-sa agus gaoir gach aoin a tha fo mhulad.  
Tha ar gaoir ag innse dhut ar trioblaidean ðiomhair -  
cluinn ar gaoir bhon talamh  
agus èist ris ann an nèamh.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,  
Ar teàrmann agus ar neart,  
èist ri ar gaoir ann an àm ar cuimhneachaidh.  
Èist ri ar gaoir,  
agus thoir sìth dar cridheachan,  
ach gun cluinn sinn guth an Tì a tha ag ràdh:  
*Bibh sàmhach, 's tuigibh gur mi Dia.*  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.